

Dreachd Geàrr-chunntas de choinneimh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir a chaidh a chumail air Dihaoine 3 Mart 2017 aig Sabhal Mòr Ostaig aig 10.00m

BUILL:	Aideen Ni Mhaille (Cathraiche) Aonghas S. MacLeòid Sandy Jones Sine Ghilleasbuig Art MacCarraig Aonghas L. MacLeòid Alasdair MacLeòid (VC gu 1.00) Iain Greumach Catriona Dunn (VC gu 12.15)	Máire Ni Annrachain (air fòn feasgar) Aonghas MacAonghais (air fòn feasgar) Boyd Robasdan Ciorstaidh Alexander [gu 1.00] Innes MacCuinn [gu 1.00]
AN LÀTHAIR:	Iain Tormod MacLeòid (gu 2.55) Donnie Rothach Faye NicLeòid Mairead Dhòmhnallach (gu 10.45)	Nicola NicThòmais Iain Gòrdan Fiona NicFhionghain
LEISGEULAN:	Cairistiona Walker	Iain Moireasdan

GNÌOMH**1 FÀILTE**

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine agus gu h-àraidh air Iain Greumach, a bh' air tighinn na làn bhall bhon luchd-obrach, agus air Ciorstaidh Alexander is Aonghas MacCuinn, riochdairean nan oileanach, chun a' chiad choinneimh aca.

Chuir an Cathraiche fàilte cuideachd air Mairead Dhòmhnallach bho Thobar an Dualchais.

2 TAISBEANADH – Tobar an Dualchais

Chord an taisbeanadh ri buill a' Bhùird, le cothrom clàran fuaim a chluinntinn agus an làrach-lìn fhaicinn. Bha cothrom ann ceistean fhaighneachd as dèidh làimh agus mhìnich Mairead, Stiùiriche a' phròiseict, mar a tha am pròiseact ga ruith bho là gu là. Thug i iomradh air cho duilich sa tha e maoineachadh fhaighinn airson a' phròiseict a chumail a' dol. Dh' aontaich a h-uile duine gun do bhrosnaich e iad gus coimhead air an làrach-lìn agus gur e pròiseact air leth prìseil a th'ann dhan Cholaiste agus gu nàiseanta. (Dh' fhàg Mairead a' choinneamh)

3 GEÀRR-CHUNNTASAN

- 3.1 **CU16-04 (09/12/16):** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh, le na h-atharrachaidhean a leanas: “ 'S ann an Inbhir Nis a chaidh a' choinneamh a chumail”

- 3.2 **Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd (16/02/17):** Thugadh fa-near an gearr-chunntas.
- 3.3 **Comataidh Chorpóra (16/02/17):** Thugadh fa-near an gearr-chunntas.
- 3.4 **Comataidh Sgrùdaidh (10/02/17):** Thugadh fa-near an gearr-chunntas.
- 3.5 **Comataidh Foghlaim is Rannsachaidh (17/02/17):** Thugadh fa-near an gearr-chunntas.

3.6 **Gnothaichean ag èirigh:**

3.6.1 **Ballrachd na Comataidh Sgrùdaidh**

Bu choir ball eile bhon Bhòrd Stiùiridh a bhith air a' Chomataidh Sgrùdaidh. Bha Iain Greumach deònach agus **dh' aontaich na buill air fad ris a' mholadh seo.**

IGR

3.6.2 **Poileasaidh Sònrachaidh [CU16.04.02 Puing 4.1]**

Tha am Poileasaidh Sònrachaidh bhon *Highland Small Communities Housing Trust* a-nis stèidhichte.

3.6.3 **Iomairt na Gàidhealtachd [CU16.04.02 Puing 11.1]**

Tha Boyd air litir a chur gu Keith Brown, MSP mu Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

3.6.4 **Buidheann Trusaidh [CU16.04.02 Puing 7.1]**

Bha còir aig puing gnìomh a bhith mu choinneamh ach thèid buidheann a chur air dòigh ro choinneimh a' Bhùird san Òg Mhios.

NNT

3.6.5 **Stiùiriche an Ionmhais [CU16.04.02 Puing 11.4]**

Thathas fhathast a' sireadh neach airson na h-obrach. Chualas gu bheil roinn de oifis Ernst & Young a' dùnadh ann an Inbhir Nis, Dh'aontaich Aonghas S MacLeòid bruidhinn ris an neach a tha os cionn feuch am biodh ùidh aig duine san obair.

ASML

4 ÙIDHEAN

Art - Ruairidh a mhac ag obair anns a' Cholaiste.
Boyd, Iain Gordon agus Donnie nam ball air Bòrd Cànan/ Cànan Alba.
Aonghas MacLeòid - Wright Johnston & MacKenzie LLP.

5 DEASBAD

5.1 **Tuarastalan / Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta (NRPA)**

Bha co-dhùnadh a dhìth air dà cheist :

An robh sinn a' dol a chur ur làmh ris an NRPA?

An robh sinn a gabhail ris an àrdachadh thuarastalan airson luchd-obrach?

An Deasbad

Thug Boyd cùl-fhiosrachaidh seachad air a' chuspair gu ruige seo. Tha na h-aonaidhean air àrdachadh aontachadh airson 2015/16 agus 2016/17. Chan eil Sabhal Mòr ag aithneachadh aonaidhean mar sin chan eil sinn an sàs anns na deasbadan ach tha àite againn aig coinneamhan an *Employers Association* far a bheil Aideen a' frithealadh mar neach amhairc.

A thaobh àrdachadh pàighidh airson luchd-obrach, thug a' Cholaiste seachad 1% no £250 ann an 2015/16 agus £150 san Dùbhlachd 2016 (non-consolidated) Mar sin bhiodh £300 (consolidated) a bharrachd ri pàigheadh bhon Lùnastal 2016 nan robh am Bòrd a' gabhail ris an àrdachadh. Bhiodh an uairsin £450 consolidated bho 01 Màrt 2017 ri pàigheadh.

Bha ceist ann a thaobh an taic airgid a thigeadh bhon Riaghaltas mura cuir a' Cholaiste làmh ris an NRPA. Tha e coltach gum faighear a mhòr chuid den airgead bhon SFC ach tha dearbhadh oifigeil ri thighinn fhathast. As dèidh sin bhiodh againn ris an t-airgead a lorg san àm ri teachd. A dh' aindeoin sin bha Iain Gordon misneachail gun dèanadh a' Cholaiste a' chuis, gun chron a dhèanamh air suidheachadh an ionmhaeis.

Leis an fhiosrachadh sin, agus às dèidh beachdachadh air na chaidh a ràdh, mhol an Cathraiche gu làidir nach bu chòir dhan Cholaiste gabhail ris an NRPA, chionn 's gun cuireadh e cuingealachadh ro theann air a' Cholaiste.

Dh' aontaich na buill gu h-aon ghuthach ris a' mholadh aig a' Chathraiche nach bu chòir ur n-ainm a chur ris an NRPA.

Dh' aontaich na buill air fad ri àrdachadh-pàighidh dhan luchd-obrach.

Thèid coinneamh luchd-obrach a chumail far an tèid na co-dhùnaidhean a mhìneachadh gu soilleir dhan luchd-obrach.

NNT/ BR

5.1.1 ***Inbhe na Colaiste***

Bha buill draghail gu bheil a' Cholaiste air a mheas mar cholaiste FE an àite Ionad HE. Chaidh a mholadh gum biodh buidheann-obrach air a stèidheachadh airson coimhead ri ceist structar agus inbhe na Colaiste. **Chaidh seo aontachadh.** Thèid barrachd fiosrachaidh a sgaoileadh gu na buill a sheall ùidh ann a bhith air a' bhuidheann: Aileen, Aonghas S, Iain T, Boyd, Máire agus Nicola.

NNT

5.1.2 **Coinneamhan an Employers' Association**

Bidh Nicola a-nis a' frithealadh nan coinneamhan an àite a' Chathraiche.

NNT

6 **BALLRACHD**

6.1.1 ***Ball bhon Luchd-obrach***

Tha Iain Greumach na làn bhall dhen Bòrd air a thaghadh bhon luchd-obrach. Thàinig e dhan Cholaiste ann an 1989 a theagasg cunntasachd is lagh air cùrsaichean gnìomhachais. A-nis tha e an sàs ann an greis-gnìomhachais, clàradh oileanaich, teagasg air cùrsaichean ceum agus tha uallach aige airson co-ionannachd.

6.1.2 ***Riochdairean nan Oileanach***

Tha Ciorstaidh Alexander agus Innes MacCuinn a' riochdachadh nan oileanach air a' Bhòrd. Thagh iad fhèin nach biodh iad nan làn bhuill ach bidh iad a' frithealadh nan coinneamhan. Tha Ciorstaidh air a' chùrsa MA (Ie Urram) Gàidhlig le Foghlam agus tha Innes a dèanamh BA Gàidhlig is Leasachadh.

6.1.3 ***Faye NicLèoid***

Mhol Faye gum bu chòir dhi seasamh sìos airson dà choinneimh fhad 's a tha i an-sàs ann an luachadh a' Bhùird. Mar sin bha i aig a' choinneimh mar 'observer' a-mhàin, **Chaidh gabhail ris a' mholadh.**

6.1.4 ***Buill ùra***

Bidh 3 buill ùra a dhìth aig deireadh na bliadhna agus chaidh a mholadh gum bu chòir gach ball beachdachadh air daoine (gu h-àraidh boireannaich) a bhiodh iomchaidh agus na beachdan sin a chur gu Fiona. Bhiodh e feumail beachdachadh air daoine bho shaoghal an fhoghlaim, rannsachaidh agus eòlaichean air leasachadh agus planadh cànan.

Buill air fad

7 AITHISG A' PHRIONNSAPAIL

7.1 **Aithisg a' Phrionnsapail:** Bhruidhinn am Prionnsapal ris an aithisg agus thugadh fa-near na puingeann a leanas:-

7.1.1 **Ath-leasachadh an Leabharlainn**

Bu chòir ath-leasachadh an Leabharlainn a bhith mar chuspair air a' chlàr-ghnothaich airson na h-ath choinneimh. Feumar coimhead air dè na leasachaidhean a tha a dhìth sa gheàrr ùine agus san fhad ùine.

Chaidh gabhail ri moladh bho Nicola, cuireadh a thoirt do mhuinntir an Leabharlainn taisbeanadh a dhèanamh aig an ath choinneimh.

FNF

NNT/FNF

7.1.2 **Oilthigh na Gàidhealtachd**

Fhuair Boyd fios an-de gu bheil OGE air ath-shanasachd a dhèanamh air dreuchd Iar-Phrionnsapal nach deach a lìonadh. Tha iad ga leudachadh a-mach gu muinntir na h-oifis Stiùiridh aig OGE an turas seo.

7.1.3 **Leasachaidhean san sgìre**

Chaidh coinneamh a chumail aig a' Cholaiste còmhla ri Urras Choimhearsnachd Shlèite agus Fearann Eilean Iarmain airson innse mu leasachaidhean a tha san amharc san sgìre. Bha cothrom aig gach buidheann bruidhinn air na leasachaidhean a bha fa-near dhaibh. Bha mu 25 san èisteachd.

7.1.4 **Coinneamh le Humza Yousaf, Ministear na Còmhdaile, mu Aisig Armadail**

Thuirt Boyd nach tig piseach air an t-suidheachadh am bliadhna ach ann an ceann beagan bhliadhnaichean thathas an dòchas gum bi bata sònraichte ann airson slighe Mhalaig agus Armadail, as urrainn seirbheis nas coileanta a liubhairt sa gheamhradh.

8 GNATHAICHEAN CORPORRA

8.1 **Fèin-Luachadh**

Chaidh seisean air luachadh a chumail le Faye ga stiùireadh. Chaidh coimhead air obair a' Bhùird fo chòig chinn:

1. Leadership is Strategy
2. Quality of Student Experience
3. Accountability
4. Effectiveness
5. Relationships and Collaborations.

Bha cothrom ann deasbad agus puingeann leasachaidh a mholadh. Thig aithisg agus plana leasachaidh a-mach às an luachadh agus thèid a chur gu Comhairle Maoineachaidh na h-Alba ro 14mh Giblean. Cuartaichidh Faye dreachd na h-aithisge gu Buill ann am beagan sheachdainean.

FNL

8.2 **Aithisg Chorporra**

Thugadh fa-near an aithisg Chorporra

8.3 **Aonta Thoraidhean 2017/20**

Thugadh fa-near an dreachd de dh' Aonta Thoraidhean 2017/20 eadar a' Cholaiste agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC). Chaidh mìneachadh gu bheil an t-Aonta a' buntainn ri foghlam FE agus airgead bhon National Heritage Act.

Tha Eairdsidh MacIlleathain air a bhith ann an conaltradh ri SFC agus Foghlam na h-

Alba airson an t-aonta ullachadh. Feumar an t-Aonta a thilleadh gu SFC ro dheireadh a' Mhàirt. Rinneadh moladh air an obair mhòr a bha Eairdsidh agus Nicola air a dhèanamh gus an Aonta a chur ri chèile agus a cheangal ris an Ro-innleachd agus ris a' Phlana CànanNàiseanta. Bha am Bòrd mothachail air an ùine a tha an luib obair den t-seòrsa.

Chaidh dà mholadh a dhèanamh:

1.SFC Priority: High Quality Learning

A bharrachd air a' Chùrsa Inntigridh, iomradh a thoirt air a' Chùrsa Tòiseachaidh.

2.SFC Priority: Access -

Cothrom puing a thaobh co-ionannachd gnè a chur a-staigh.

Tha an àireamh bhoireannach nas àirde na fir air cùrsaichean. Mar is àbhaist 65/35. Bhiodh cothrom 'case studies' a dhèanamh air oileanaich fireann a th'againn.

8.4 Poileasaidh Cùram na Colaiste

Tha buidheann ùr aig a' Cholaiste a' dèiligeadh ri cùram agus tha iad air poileasaidh agus modh obrach a dhealbh. **Chaidh am poileasaidh aontachadh.**

8.4.1 Poileasaidhean san fharsaingeachd

Thog Nicola puing a thaobh phoileasaidhean san fharsaingeachd agus am biodh e ceadaichte liosta phoileasaidhean [a chaidh aontachadh aig na fo-chomataidhean] a chur fa-chomhair a' Bhùird an àite a' phoileasaidh fhèin. Bha dragh ann gun robh cus phàipearan a' dol gu gach ball agus iad a' call ùine gan leughadh.

Chaidh seo aontachadh le moladh gum biodh àite (intranet, share point) ann far am faigheadh buill coimhead air an dreachd as ùire de na poileasaidhean agus gum biodh e soilleir air gach poileasaidh dè a' chomataidh a dh' aontaich gach poileasaidh.

NNT

8.5 Aithisg Stiùiriche an Ionmhais

Chaidh taing a thoirt do dh' Iain airson a' chruth ùr a bh' air na cunntasan. Bha buill a' smaoinichadh gu robh an dòigh ùr nas soilleire agus nas fhasa a leantainn. Mhinich Iain ceistean a thaobh 'Circular Gift Aid' agus HMRC a chaidh a thogail.

8.6 Clàr Chunnartan

Thug Iain taing gu Sandy airson an obair a rinn i air a' chlàr a dhealbh agus do Chairistiona airson nan atharraichean a dhèanamh air.

Bha cothrom aig na buill coimhead air a' chlàr agus ceistean fhaighneachd.

Chaidh aon phuing a' mholadh:

Tha puing ri chur aig 3.3 fo 'Chuisean a tha a' lùghdachadh a' chunnairt': "Thathas a' coileanadh amasan a' phoileasaidh"

8.7 Co-ionannachd

Dh' ainmich Iain Ghreumach trèanadh airson buill a thaobh co-ionannachd agus cuiridh e seo air dòigh airson na h-ath choinneimh. Chaidh seo aontachadh fhad 's a bhiodh e air a chumail gu uair a thìde.

IGR

9 FOGHLAM AGUS RANNSACHADH

9.1 Aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim:

Bhruidhinn Iain Tormod ris an aithisg agus thugadh fa-near na puingean a leanas:-

9.1.1 BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam

Chaidh an cùrsa a' dhearbhadh. 'S e deagh naidheachd dha-rìribh a bh' ann agus ceum mhòr gum bi a' Cholaiste air fhaicinn mar ionad TEI. (*Teacher Education Institute*).

Thug an Cathraiche taing mhòr do dh' Iain Tormod as leth a' Bhùird airson a shaothair agus chuireadh meal-a-naidheachd air bhon Bhòrd air fad.

9.1.2 Stiùiriche Cùrsa BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam

Thathas air Stiùiriche Cùrsa fhadhadh agus bidh an neach ùr a' tòiseachadh air an 17mh Giblean.

9.1.3 Deagh-ghnè

Tha pròiseas sgrùdadh ùr aig Foghlam na h-Alba, le barrachd cuideam air fèin-luachadh agus planaichean adhartais. Tha aig a' Cholaiste ri Plana Luachaidh agus Plana Leasachaidh a dheasachadh ro dheireadh an Dàmhair. **Mhol Iain Tormod gum biodh seo air a' chlàr-gnothaich airson na h-ath choinneimh.**

ITML/FNF

9.1.4 Cùrsaichean Eile

Thathas an dùil coimhead ri cùrsa Tràth-bhliadhnaichean a chruthachadh. Bidh Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd aig a' Cholaiste sa Ghiblean gus bruidhinn air an leasachadh seo. Tha còrr is 630 air an clàradh air na cùrsaichean goirid agus 30 air na clasaichean oidhche coimhearsnachd.

10 **LEASACHADH, NA H-EALAIN AGUS PRÒISEACTAN**

10.1 Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh: Thugadh fa-near aithisg an Stiùiriche Leasachaidh. Thogadh na leanas:

10.2 Taigheadas

'S e an t-Urras (*Highlands Small Communities Housing Trust*) a bhios a dèiligeadh ri na h-iarrtasan a thig airson nan taighean ùra air làrach na Colaiste.

10.3 Ionad Spòrs ùr

Tha *Feasibility study* a dhìth agus 's e cothrom a th' ann com-pàirteachadh leis a' choimhearsnachd agus buidheannan airson an Ionad spòrs a thoirt gu buil.

11 **GNOTHAICHEAN IOMCHaidH SAM BITH EILE**11.1 Co-chomhairleachadh air a' Phlana Nàiseanta

Bidh buidheann aig a' Cholaiste a' sgrùdadh a' phlana, Ma tha beachdan sam bith aig Buill, tha e air iarraidh an cur gu Fiona.

Buill air fad

12 **CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH**Ceann-là na h-Ath Choinneimh:

12.1 Bha mearachd air a' chlàr gnothaich 's ann air **Dihaoine 09.06.17** a bhios an ath choinneamh.

Sgaoil a' choinneamh aig 4.20f